

# Nàdar beairteach dhuinn uile

Plana corporra 2022-2026



**NatureScot**  
**NàdarAlba**

Scotland's Nature Agency  
Buidheann Nàdair na h-Alba



# Is sinne NàdarAlba

Is sinne Buidheann Nàdair na h-Alba, is sinn a' gleidheadh agus a' slànachadh nàdar agus a' brosnachadh a h-uile duine gu spèis a chur air an t-saoghal nàdarra againn. Bidh sinn a' dèanamh seo a chionn is gu bheil beatha a h-uile duine an eisimeil air.



**Dìon.Leigheas.Spèis**



# Facal toisich



Is mi a' sgrìobhadh an fhacail toisich seo, is gann gu bheil sinn air cothrom anail a ghabhail an dèidh co-labhairt eadar-nàiseanta na gnàth-shìde ann an Glaschu. Tha mi a' dèanamh fiughair nas fhaide den bhliadhna ris an aonta eadar-nàiseanta airson nàdar a leigheas.

Tha barrachd aire phoilitigeach a-nis air èiginn nàdair an t-saoghail is na h-Alba, mar as ceart.

Chì mi fhèin gu bheil nàdar ann an èiginn ann an Alba is mi a' cuimhneachadh air làithean m' òige. Bidh na h-aon chuimhneachaidhean aig mòran. A rèir nan àireamhan,

tha am fiadh-bheatha an Alba, às a bheil sinn uile a' faighinn buannachd, air crìonadh gu mòr. Tha cuid a ghnèithean an impis a dhol à bith. Tha atharrachadh na gnàth-shìde air aon de na prìomh adhbharan. Sin as adhbhar gu bheil aontaidhean eadar-nàiseanta air lùghdachadh sgaoilidhean gas riatanach. Agus tha adhbharan eile ann: truailleadh, sgaoileadh lusan is ainmhidhean neo-dhùthchasach, cleachdadh na talmhainn is na mara.

Ach tha cothroman an cois fuasgladh na cùis èiginn seo bho thaobh nàdair. Tha mu 200,000 cosnadh an lùib roinn nàdair na h-Alba ann an

gnìomhachasan a leithid turasachd, iasgach, àiteachas is coilltearachd. Tha maoinachadh ann am fuasglaidhean nàdarra ro atharrachadh na gnàth-shìde a' dol am meud. Nì am maoinachadh seo cruth-atharrachadh air cleachdadh na talmhainn is na mara is fàgaidh iad na bailtean mòra is beaga againn nas uaine.

Ach feumaidh sinn oidhirp a dhèanamh airson na buannachdan sin a dhearbhadh. Bu mhiann le muinntir na h-Alba gur e an riaghaltas a th' air ceann slànachadh nàdair ann an Alba. Feumaidh a h-uile coimhearsnachd a bhith an sàs, feumar na buannachdan a cho-roinn gu cothromach is feumaidh e obrachadh aig an ìre as àirde. Agus feumaidh e daoine a bhrosnachadh gu àite a dhèanamh do nàdar nam beatha fhèin.

'S e dleastanas NàdarAlba gun cumar comhairle ri Riaghaltas na h-Alba air an dòigh as fheàrr air sin a dhèanamh agus a thoirt gu buil air muir is tìr. Tha sinn air cheann ath-bheothachadh nàdair is sinn a' cumail ris an dleastanas sin.

Gu simplidh, le bhith deimhinneach a thaobh nàdair, feumaidh sinn nàdar a dhìon an toiseach mus urrainn dhuinn a leigheas. Tha sinn a' dèanamh seo a chionn is gu bheil spèis againn do nàdar.

Dè tha obrachadh a dh'ionnsaigh saoghal le nàdar beairteach a' ciallachadh an da-rìribh?

Tha am Plana Corporra seo airson nam bliadhnaichean 2022-2026 a' cur nam prìomhachasan againn an cèill.

Bu mhiann leinn gluasad air adhart le bhith deimhinneach mu nàdar ro 2030 agus gum biodh seo na cheum a dh'ionnsaigh nàdar a shlànachadh ro 2045.

'S e fìor dùbhlann a tha romhainn agus chan ann gun spàirn a bhios e. Tha làn fhios againn nach urrainn do NàdarAlba a dhèanamh leis fhèin. Tha sinn ag iarraidh ur brosnachadh gu obrachadh airson nàdair. Is sibhse na caraidean againn, na compàrteachasan a nì sinn. Tha sibh ag obair anns an roinn phoblaich no do bhuidheann uaine. Nur carthannas. Tha gnìomhachas agaibh. 'S e coimhearsnachd a th' annaibh. 'S e ball den choimhearsnachd a th' annad fhèin. Tha aon nì ann a tha cumanta eatarainn. Bu toil leinn uile nàdar na h-Alba a shlànachadh. Agus chan ann air sàillibh is nach eil dòigh eile ann ach nas cudromaiche buileach, a chionn is gum b' fheàrrde sinn uile sin.

Dr Mike Cantlay  
*Cathraiche, NàdarAlba*  
An t-Earrach 2022





# Ar Plana

## A' dealbhadh saoghal nàdarra na h-Alba

Tha nàdar ann an èiginn. Tha èiginn gnàth-shìde ann. Tha crìonadh nàdair air tachairt cho obann bho na 1950an is gu bheil ar cuid slàinte is soirbheachais ann an cunnart. Tha an dà chùis èiginn ceangailte cho dlùth ri chèile is gum feum sinn a dhol nam bad ri chèile.

**Tha gnìomhan mòra a dhìth far a bheil trioblaidean mòra. Tha muinntir na h-Alba air an dùbhlán a chur romhainn. Tha Riaghaltas na h-Alba, cho math ri dùthchannan eile air feadh an t-saoghail, a' freagairt le aontaidhean, poileasaidhean, maoineachadh is gnìomhan ùra. Ach tha an ùine a' ruith oirnn.**

Tha an lèirsinn againn soilleir. Tha sinn an lùib èiginn na gnàth-shìde a chionn is gu bheil sinn a' losgadh connadh fosail agus air sgàth is mar a tha sinn a' cleachdadh na talmhainn is na mara. Tha fios againn ma shlànaicheas sinn nàdar gun rachadh 40% de dh'iomairt na h-Alba a dh'ionnsaigh sgaoilidhean carboin co-ionann ri neoni ro 2045 a choileanadh. Tha

seo riatanach ma tha sinn a' cur stad air blàthachadh na cruinne aig 1.5°C. Agus feumaidh sinn ullachadh airson a' bhlàthachaidh a tha a' tachairt mar-thà. Tha sin a' ciallachadh gum feum sinn na th' againn a dhìon, na chaill sinn a leigheas agus spèis a thoirt dha nàdar gu lèir. Mar sin feumaidh sinn atharrachadh gu tur mar a tha sinn a' cleachdadh is a' toirt spèis dhan talamh is dhan mhuir.

'S e nàdar a' chiad roghainn is sinn a' cumail taic ri muinntir na h-Alba is iad a' dèiligeadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde is dhùbhlannan eile. Tha fuasglaidhean nàdarra mu choinneimh atharrachadh na gnàth-shìde a leithid cur chraobhan is fliuchadh bhoglaichean às ùr deimhinneach a thaobh nàdair. Tha iad sin a' dol am bad èiginn







nàdair is na gnàth-shìde agus tha iomadh buannachd eile nan cois. Tha fios againn dè nì sin – gabhaidh seo dèanamh. Tha iad èifeachdach a thaobh cosgais cuideachd. Ach feumaidh sinn barrachd a dhèanamh. Feumaidh sinn dòighean cleachdaidh talamh àrd, àiteachais is iasgaich atharrachadh. Feumaidh sinn uile nàdar a chumail air ar n-aire. Agus mar sin feumaidh sinn fhèin atharrachadh. Tha Albannaich gu leòr air gabhail ris an dùbhlán nam beatha fhèin. 'S e an saoghal nàdarra beairteach againn fhèin a tha seo. 'S e àm àibheiseach a tha seo agus tha Alba a tha deimhinneach a thaobh nàdair air an t-slighe.

Tha sinn air beagan den atharrachadh fhaicinn cheana. Fhreagair cuid mhòr againn ri suidheachadh Covid 19 le bhith a' dol a-mach na bu trice, agus nàdar gar leigheas is sinn a' ceangal ris. Is fheàrrde sinn gleidheadh is neartachadh a' cheangail sin.

Is fheàrrde an eaconamaidh againn sin cuideachd. Tha beairteas daonna, sòisealta is eaconamach aig teismeachan an t-soirbheachais againn. Tha sinn a' cur calpa nàdarra ris an liosta sin. Obraichidh luchd nan co-dhùnaidhean is an luchd-maoineachaidh ann an dòigh dhiofraichte ma chuireas am mòr-shluagh, agus na h-institiudan agus na riaghailtean barrachd beum air na buannachdan an cois nàdair. Tha sin a' ciallachadh gum bi feuman nàdair a' dealbhadh mar a chleachdas sinn beairteasan cudromach mar a' mhuir is an talamh. Tha Riaghaltas na h-Alba air cur roimhe gur e slànachadh uaine a tha romhainn an dèidh lèir-sgaoileadh Covid 19. Bidh maoineachadh ann an nàdar cudromach.

Tha e cudromach gu bheil atharrachadh cothromach anns a' ghluasad a dh'ionnsaigh Alba a tha beairteach a thaobh nàdair is co-ionann ri neoni. Tha seo a' ciallachadh gum bi am maoineachadh ann an nàdar a' cruthachadh dhreuchdan matha, a' neartachadh choimhearsnachdan is a' cumail taic ri gnìomhachasan.

Tha dleastanasan fìor chudromach aig NàdarAlba airson seo a thoirt gu buil. Tha sinn air cheann leasachadh is libhrigeadh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba an compàirteachas le Riaghaltas na h-Alba. Thèid an ro-innleachd fhoillseachadh aig deireadh 2022. Bidh e a' stiùireadh ar cuid oidhirpean airson nàdair ann an Alba a dhion is a leigheas sa chòrr den deichead seo.

Mar sin dheth, anns na ceithir bliadhna ri teachd, bidh sinn ag amas air trì prìomhachasan:

- **A' Dìon Nàdar** is sinn a' leudachadh roinnean dìon, a' riaghladh làimhseachadh ghnèithean agus a' toirt comhairle dealbhaidh èifeachdach air muir is tìr gu buil.
- **A' Leigheas Nàdar** tro **ro-innleachd bith-iomadachd ùr**, ag ath-stèidheachadh talamh-mòine, a' cur ri slànachadh nàdair agus a' cruth-atharrachadh àiteachas.
- **A' Toirt Spèis do Nàdar** gus an tarraing na buannachdan na chois don a h-uile duine maoineachadh poblach, prìobhaideach is iomairtean sòisealta airson a dhion is a leigheas.

Tha fios againn nach tèid againn air saoghal nàdarra beairteach a thoirt

gu buil leinn fhèin. Mar sin, bu mhiann leinn obrachadh le coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus roinn na h-àrainneachd a dh'ionnsaigh saoghail nàdarra beairtiche.

Tha barrachd na plana an cois seo. 'S e a th' ann ach lèirsinn airson nas urrainn dhuinn – cuide ri ar com-pàirtichean – a dhèanamh airson nàdair. Agus tha lèirsinn ann airson nas urrainn do nàdar a dhèanamh dhuinne. Tha an lèirsinn a' sìneadh fada romhainn san 21d linn. 'S e seo an iomairt nàiseanta as cudromaiche ann an Alba agus tha dleastanas na cois don a h-uile duine.

Tha Clàr Poileasaidh-Saidheans Eadar-riaghaltasach air Bithiomadachd is Seirbheisean Eag-shiostaim (IPBES) a' sònrachadh còig prìomh adhbharan air cùl call bith-iomadachd is iad uile iomchaidh ann an Alba.

'S iad sin atharrachadh cleachdadh na talmhainn, atharrachadh na gnàthshìde, truailleadh, cleachdadh ghoireasan nàdarra agus gnèithean ionnsaigheach.

Tha an tuilleadh fiosrachaidh aig [www.ipbes.net](http://www.ipbes.net)

# A' Dìon Nàdar



Eadar 1994 agus 2016, tha 49% de ghnèithean Albannach air crìonadh gu mòr. Tha an crìonadh seo na chunnart don chomann-shòisealta againn agus do shlàinte an t-saoghail againn fhèin agus saoghal nan ginealaichean ri teachd. Thèid againn air saoghal nàdarra beairteach a stèidheachadh is sinn a' dìon na th' againn an-dràsta.

Tha nàdar a' riaghladh cearcall carboin an t-saoghail, agus mar sin dheth na gnàth-shìde, tron ùir. Feumaidh gach dòigh-cleachdaidh talmhainn is mara le chèile cur ri sgaoilidhean carboin coionann ri neoni, iomadachd a neartachadh airson dìon ro atharrachadh na gnàth-shìde agus cur ri staid nàdair. 'S e bith-iomadachd agus beairteas nàdair bun-stèidh na h-eaconamaidh agus na slàinte againn. Tha bith-iomadachd na stèidh air eaconamaidh is talamh a tha torach is seasmhach agus comann-shòisealta a tha fallain is sunndach. Mar as measgaichte a tha nàdar 's ann as seasmhaiche a tha e, as comasaiche air dèiligeadh ris an aimsir agus ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde.

Chan eil an t-seann roinnleachd a bh' againn, 's e sin a bhith a' dìon na cuid b' fheàrr de nàdar ann an roinntean dìon a rèir an lagha, air a bhith math gu leòr. Anns an àm ri teachd, bidh sinn feumach air lìonraidhean nas motha de roinntean dìon ceangailte tro mheasgachadh de dhòighean-obrach, a leigeas le nàdar – agus leis an ùir – a dhol am feabhas fo bhruthadh atharrachadh na gnàth-shìde

agus airson a bhith mar bhun-stèidh airson nàdar na h-Alba gu lèir a leigheas. Mar sin dheth, feumaidh sinn èisteachd ris na com-pàirtichean againn is co-obrachadh leotha ma tha Alba gu bhith deimhinneach a thaobh nàdair.

## An t-Àrd-amas Againn

Bidh 30% de mhuir is talamh na h-Alba air an dìon airson nàdair ro 2030 agus 10% aig a' char as lugha den mhuir fo dhìon àrd. Nì sinn cinnteach gu bheil comas fàs nàdarra is glacadh carboin nar cuid choilltean is talamh-mòine is sinn aig an stiùir is a' lùghdachadh àireamhan fhiadh. Feumaidh sinn a bhith air cheann gu h-eadar-nàiseanta air riaghladh fiadhbheatha airson seo a thoirt gu buil.

Thathar a' tuigsinn ma leanas blàthachadh gu 1.5oC gum feum mu thrìan de lùghdachadh sgaoilidhean na cruinne a thighinn bho atharrachaidhean an lùib dòighean-cleachdaidh na talmhainn is na mara.

Tha an tuilleadh fiosrachaidh air fuasglaidhean nàdarra airson atharrachadh na gnàth-shìde aig [www.nature.scot](http://www.nature.scot)



# A' Dìon Nàdar

## Buile:

### Dìon nas treasa air bith-iomadachd

Tro ghniomh an-dràsta, bidh sinn:	Ro 2026, bidh sinn air:	Ro 2030, bidh sinn air:
A' stiùireadh libhrigeadh dìon air 30% de mhuir is tìr ro 2030	Àiteachan a shònrachadh gu soilleir far an cuir dìon a bharrachd ri gleidheadh bith-iomadachd	Raon roinntean dìon a neartachadh ann an 30% de mhuir is tìr na h-Alba aig a' char as lugha
A' neartachadh com-pàirteachadh is a' lùghdachadh buaidh nam fiadh is ag ùrachadh dòighean riaghladh fhiadh is a' dearbhadh dòighean ceadachaidh a dh'adhbhraicheas saoghal anns a bheil cothromachadh carboin is a tha deimhinneach a thaobh nàdair	Riaghladh Fhiadh a chur an sàs air feadh na h-Alba cho math ri ceadan ghnèithean is goireasan riaghladh fiadh-bheatha eile a chumas taic ri gnìomhan gnàth-shìde is bith-iomadachd, a' cothromachadh daoine is nàdar is ag adhbharachadh sgèile cruth-tìre is atharrachadh nàdarra fàbharach	Buaidh is àireamhan fhiadh a lùghdachadh ann an cothromachd le nàdar
An sàs is a' toirt buaidh air dealbhadh is siostaman riaghlaidh eile gus an tig gnìomh gu buil do nàdar is a' ghnàth-shìde	Ro-innleachdan is riaghladh a chur an sàs thar gach roinn den eaconamaidh a dh'adhbhraicheas leigheas nàdair	Leasachadh a chur an sàs a chuireas gu nàdarra ri bith-iomadachd nas measgaichte
A' toirt buaidh air cruth-atharrachadh riaghladh mara tro fhrèaman dealbhaidh, dìon is riaghladh raointean iasgaich ùra agus tro chom-pàirteachadh le roinn cumhachd ath-nuadhachail na mara	Poileasaidhean mara a chur an sàs a bhrosnaicheas slànachadh nàdair is cleachdadh seasmhach. Bidh sinn air cur gu mòr ri stèidheachadh leasachaidhean cumhachd mara mòra a bhios seasmhach cuide ri calpa nàdarra mara na h-Alba	Air frèam dealbhadh mara is riaghlaidh a chur an sàs a bhios a' stiùireadh cleachdadh seasmhach na mara gu coileanadh targaidean cothromachadh carboin is nàdair



# A' Leigheas Nàdar

Cha leòr gleidheadh an nàdair a th' againn airson cumail ri cothromachadh carboin no airson saoghal deimhinneach a thaobh nàdair a chosnadh. Feumar beairteas an nàdair a chaill sinn a leigheas cuideachd.

Soirbhichidh le muinntir na h-Alba mas urrainn dhuinn nàdar a leigheas. 'S e nàdar an siostam taic-beatha againn. Tha buannachd ann dhuinn uile ma bheir sinn cùram dha. Feumar muir is tìr a riaghladh airson nam buannachdan na chois fhaighinn asta, a leithid biadh, freumhag, lùghdachadh sgaoilidhean, atharrachadh ron ghnàth-shìde agus neartachadh staid nàdair. Tha sinn eòlach air na dùbhlanan. Cha bhi e furasta is sinn ag atharrachadh gu sgiobalta riaghladh talamhàrd an dèidh bhliadhnachan mòra de dh'àiteachas is iasgach

tradaiseanta. Aig a' cheart àm, feumaidh sinn taic a thoirt do na coimhearsnachdan againn gus an soirbhich leotha. Agus feumaidh sinn a bhith faiceallach nach eil sinn ro cheangailte ris na linntean a dh'fhalbh. Mar sin dheth, feumaidh ar cuid bheachdan air na tha comasach nuair a thathar a' leigheas nàdar aire a thoirt dha buaidh atharrachadh na gnàth-shìde.

'S e cùis èiginneach a th' ann ma tha Alba a' dol a leigheas nàdair ro 2045. Feumaidh sinn meud nam fuasglaidhean nàdarra air na dùbhlanan againn a leudachadh le daoine a' gabhail seilbh ann is iad a' gabhail pàirt gu gnìomhach, ga bhuileachadh

air raointean mòra talmhainn air feadh na h-Alba is a' cur taic ri lèirsinn Riaghaltas na h-Alba.

## An t-Àrd-amas Againn

Bidh NàdarAlba mion-eòlach air leigheas air nàdar is sinn air cheann Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba. Thig com-pàirtichean à Alba – agus à dùthchannan eile – thugainn airson ar cuid eòlais. Ionnsaichidh sinne aig càch cuideachd.

Tha atharrachadh mòr a dhìth airson cothromachadh carboin a thoirt gu buil air mar a chleachdas sinn an talamh is a' mhuir, mar a bhios sinn ri àiteachas is a' cleachdadh ùir, a' leudachadh nan coilltean is nan callaidean againn, a' lùghdachadh fhalaisgearan agus a' làimhseachadh nan àrainnean air grunn na mara.

Ann an deich bliadhna a dh'fhalbh, tha com-pàirtichean air feadh na h-Alba air mu 25,000 ha de thalamh-mòine ath-stèidheachadh. Tha am prògram Peatland ACTION le NàdarAlba air trì cairteal den obair sin a choileanadh. Tha 1.8 millean ri dhèanamh fhathast agus thèid seachd millean tunna de CO<sub>2</sub> a sgaoileadh anns gach bliadhna a chailleas sinn.

Tha an tuilleadh aig [www.nature.scot/climate-change/nature-based-solutions/peatland-action-project](http://www.nature.scot/climate-change/nature-based-solutions/peatland-action-project)

Leanaidh ar cuid ceannardais air leigheas talamh-mòine is sinn a' togail air soirbheachas a' phrògram Peatland ACTION. Tha an oidhirp nàiseanta seo mar phrìomh fhuasgladh air èiginn na gnàth-shìde is nàdair.

Cumaidh a' Mhaoin Leigheas Nàdair le Riaghaltas na h-Alba – a th' air a stiùireadh le NàdarAlba – taic ri gnìomhan nàdarra nàiseanta.

Bidh Alba nas ullaichte is nas comasaiche air dèiligeadh ris na cunnartan an cois atharrachadh na gnàth-shìde air sgàth maoineachadh ann an nàdar. Tha ath-fhiadhachadh na h-Alba air tòiseachadh. Bidh e mar bhun-stèidh an t-saoghail nàdarra againn is sinn ag obrachadh a dh'ionnsaigh coileanadh iomadh diofar ùidh.



# A' Leigheas Nàdar

## Buile:

A' cur stad air call bith-iomadachd ro 2030 is a' leigheas nàdar ro 2045

Tro ghnìomh an-dràsta, bidh sinn:	Ro 2026, bidh sinn air:	Ro 2030, bidh sinn air:
A' co-stiùireadh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba is a' leasachadh thargaidean airson Bile Àrainneachd Nàdarra ùr	Slighe is plana libhrigidh soilleir a chur an sàs airson saoghal deimhinneach a thaobh nàdair le targaidean soilleir do ghnèithean is àrainnean	Stad a chur air call bith-iomadachd
A' toirt Leigheas Talamh-mòine am meud is a' liubhairt maoinachadh Peatland ACTION gu pròiseactan	Meud leigheas talamh-mòine a choileanadh seachad air targaid na h-Alba de 250,000 ha ro 2030	A dhol fada seachad air targaid na h-Alba de 250,000 ha de thalamh-mòine ro 2030
A' stiùireadh, a' ceadachadh is a' cruinneachadh chàich air leasachadh ghnìomhan dùbhlach is ciallach airson nàdar a leigheas. A' toirt Maoin Leigheas Nàdair gu buil a tha ag amas air pròiseactan leigheas nàdair le buile mhòr agus a' tarraing barrachd maoinachaidh on roinn phrìobhaidich	Maoinachadh a bharrachd tron roinn phoblaich is phrìobhaidich ag amas air pròiseactan leigheas nàdair is gnàth-shìde le buile mhòr	Ìrean mòra maoinachaidh airson leigheas nàdair a dhearbhadh
A' taisbeanadh mar as urrainn àiteachas atharrachadh gu tur tro dhòighean-obrach ùra airson amasan do nàdar is a' ghnàth-shìde a thoirt gu buil	Goireasan coitcheann a chur an sàs, a chur gu deuchainn ris an gabh gach buidheann do mhanaidsearan fearainn a leigeas leotha sùil a chumail air dèanadas bith-iomadachd is àiteachas ath-ghineach is carbon ìosal	Dearbhadh gu bheil gach tuathanach is croitear a' toirt thargaidean bith-iomadachd is gnàth-shìde gu buil





# A' Toirt Spèis do Nàdar

Feumaidh sinn na dòighean a bhios sinn a' cleachdadh toradh an t-saoghail nàdarra atharrachadh ma tha sinn airson nàdar a leigheas. Tha an eaconamaidh an lùib an t-siostaim nàdarra sin. Ma ghabhas sinn ris a' bheachd sin, 's e nàdar a thig am bàrr mar am fuasgladh nàdarra air mòran de na trioblaidean san t-saoghal an-diugh.

Bheir sinn spèis do nàdar airson na tha e a' dèanamh do dhaoine agus airson an luach fhèin na chois. Agus sinn a' moladh nàdar às ùr, bidh e an lùib na nì sinn. Bheir seo cothrom dhuinn suidheachadh a chruthachadh far an urrainn dhuinn barrachd a dhèanamh airson am beairteas nàdarra againn a dhìon agus maoineachadh a chur ri nàdar thar nan roinnean poblach is prìobhaideach. Tha luach nàdair a cheart cho cudromach don neach fa leth is a tha e don riaghaltas is gnìomhachasan.

## An t-Àrd-amas Againn

Feumaidh sinn cruth-atharrachadh fhaicinn a thaobh maoineachadh poblach is prìobhaideach ann an nàdar air feadh na h-Alba, agus

ann an àrainnean mara. Leanaidh NàdarAlba air le ceannardas san roinn seo is a' com-pàirteachadh le buidhnean air feadh na h-Alba, na RA agus an t-saoghail airson margaidean ùra a dhealbhadh is a leasachadh. Nì sinn ceangal eadar cothroman maoineachaidh agus buidhnean maoineachaidh. Bheir seo fàs maoineachaidh bliadhnail ann an calpa nàdarra gu buil. Airson am fàs sin a thoirt gu ìre, feumaidh Alba a bhith ann mar a' chiad dùthaich a bheir cothrom co-ionann do chalpa nàdarra nuair a thathar a' dealbhadh poileasaidh is cho-dhùnaidhean. Togaidh sinn comasan ann am buidhnean com-pàirteachaidh gus an aithnichear inbhe nàdair nuair a thathar a' freagairt ri cùisean sòisealta.

Feumaidh daoine a thighinn an sàs ann an nàdar mus bi soirbheachadh fad-ùine ann. Bidh sinn a'



brosnachadh nan suidheachaidhean a leigeas le daoine ceangal a dhèanamh le nàdar ach an toirear barrachd spèis dha.

Bidh luchd-obrach sgileil riatanach airson leigheas nàdair is fuasglaidhean nàdarra a thoirt gu buil. Mar sin dheth, bidh sinn a' brosnachadh cho cudromach is a tha sgilean is dreuchdan nàdair a chumas taic ri saoghal nàdarra beairteach agus a dh'adhbhraicheas gluasad cothromach.

Bu mhiann leinn gum biodh na 29 Tèarmainn Nàdair Nàiseanta nan sàr eisimpleirean den t-saoghal a tha sinn ag iarraidh. Thèid nàdar a ghlèidheadh annta, leigheas a thoirt air adhart, lìonraidhean a chur an sàs air feadh na h-Alba agus bidh coimhearsnachdan a' toirt spèis do na h-àiteachan sònraichte seo. 'S iad na Tèarmainn Nàdair Nàiseanta agus àiteachan sònraichte eile na h-àiteachan as fheàrr airson eòlas a chur air nàdar is a' ghnàth-shìde agus ceanglaichean fadbeatha a thogail le nàdar.



# A' Toirt Spèis do Nàdar

## Buile:

Tha luach nàdair ri fhaicinn air feadh poileasaidh nan roinnean poblach is prìobhaideach, mar bhun-stèidh air cùram do nàdar is maoinachadh a dh'ionnsaigh eaconamaidh soirbheadais

Tro ghnìomh an-dràsta, bidh sinn:	Ro 2026, bidh sinn air:	Ro 2030, bidh sinn air:
A' brosnachadh dhaoine gu ceangal a dhèanamh le nàdar, a' neartachadh spèis air luach nàdair tro ghnìomh le buaidh is conaltradh mun obair againn	Leigeil le barrachd dhaoine spèis is eòlas a chur air àrainneachd nàdarra na h-Alba	Ceanglaichean làidir fad-beatha a stèidheachadh eadar daoine is nàdar
A' toirt buaidh air bun-structar riaghailteach, poileasaidh, margaidh is ionadan airson maoinachadh ann an nàdar bhon roinn phrìobhaidich	Cuideachadh a' stèidheachadh mhargaidhean stèidhichte air beusan is treibhdhìreas às an tig sruth làidir de phròiseactan nàdarra a thàlaidheas maoinachadh	Pròiseactan mòra co-òrdanaichte do leigheas nàdair adhbharachadh le measgachadh de mhaoineachadh prìobhaideach is poblach
Air cheann stèidheachadh Calpa Nàdarra mar phàirt riatanach de cho-dhùnaidhean dealbhadh is maoinachadh poblach is prìobhaideach aig ìrean nàiseanta, àrainneachd, seilbh fearainn is gnìomhachais	Raon ghòireasan a liubhairt a leigeas le poileasaidh, ro-innleachd is maoinachadh nan roinnean poblach is prìobhaideach suim a chur ann an calpa nàdarra	Poileasaidhean is maoinachadh a leasachadh is libhrigeadh tro dhòighean Calpa Nàdarra
A' brosnachadh eòlas is tuigse air na sgìlean is comasan a dhith air an roinn nàdair	Na sgìlean a dhith air an roinn nàdair a dhèanamh àbhaisteach is a rèir poileasaidh sgìlean, dealbhadh is chom-pàirtichean	Sgìlean is comasan a chur an sàs don roinn nàdair airson fuasglaidhean nàdarra a chur an sàs





# Dòigh NàdarAlba



Mar luchd-NàdarAlba, tha ar cuid dealais, brosnachaidh is eòlais a' cur nàdar aig teismeadhan cor saoghal na h-Alba ri teachd. Tha na Beusan Co-roinnte Againn mar bhun-stèidh air an tog sinn a h-uile rud. 'S ann tron Eòlas Cho-roinnte againn a chuireas sinn aithne air na beusan againn agus bidh sinn a' cumail ris na beusan againn tron Ghiùlan Cho-roinnte Againn.

## An t-Àrd-amas Againn

Tha Dòigh NàdarAlba a' cur nam beusan againn an cèill agus mar a bhios sinn gar giùlan fhèin an làthair càch a chèile. Bu mhiann leinn àite-obrach a thogail far a bheil daoine a' faireachdainn sàbhailte, air am brosnachadh, gnìomhach agus gu bheil spèis ga cur air an cuid saothrach. Bidh seo, ma thèid a dhèanamh mar bu chòir, a' neartachadh ar cliù agus cuiridh daoine de gach cinneadh romhpa a thighinn a dh'obair còmhla rinn.

**Na Beusan Againn – A' bhun-stèidh air an tog sinn a h-uile rud**

### Saidheans is eòlas

Tha sinn nar n-eòlaichean dealasach anns gach roinn eòlais.

Tha an t-eòlas againn a' brosnachadh a h-uile duine leis am bi sinn a' com-pàirteachadh.

### Miann

Tha sinn a' brosnachadh a h-uile duine gu spèis a chur air nàdar.

### Leasachadh

Tha sinn a' leasachadh nan daoine agus na buidhne againn.

### Ion-ghabhaltas

Tha sinn a' toirt spèis do dh'oidhirpean a h-uile duine. 'S ann don a h-uile duine a tha nàdar.

Tha a h-uile duine is a h-uile àite cudromach.

### Com-pàirteachas

Tha sinn a' brosnachadh ùr-ghnàthachas, ag obair leis a h-uile duine airson nàdar agus soirbheachas na h-Alba.



# Dòigh NàdarAlba

## Buile:

Cuiridh an dealas, brosnachadh is eòlas againn nàdar aig teismheadhan na h-Alba

Tro ghnìomh an-dràsta, bidh sinn:	Ro 2026, bidh sinn air:	Ro 2030, bidh sinn air:
A' libhrigeadh dhòighean-obrach ùra airson na h-àrd-amasan againn a thoirt gu buil	Buidheann shùbailte is uaine a chruthachadh	A bhith nar sàr eisimpleir air sàr dhòighean-obrach, an dealas, brosnachadh is eòlas againn air nàdar, sunnd, ùr-ghnàthachas is ceannardas a thaisbeanadh airson saoghal nàdarra beairteach a thoirt gu buil
Ag atharrachadh gu tur nan comasan ceannardais fa leth is bhuidhneil againn	An t-eòlas saidheansail is teicnigeach a bheartachadh is sinn a' cur Frèam Ionnsachaidh ro-innleachdail an sàs  A' bhuidheann againn a neartachadh is sinn làidir is dùbhlach ach am bi buaidh nas motha againn mar cheannardan bith-iomadachd	Na daoine againn fhaicinn air cliù fhaighinn is iad air thoiseach a thaobh stad a chur air call bith-iomadachd is leigheas nàdar a bhrosnachadh
A' cumail oirnn a' leasachadh luchd-obrach sunndach is daingeann	Luchd-obrach nas measgaichte is nas ion-ghabhailte againn a thoirt gu buil  Luchd-obrach nas cumhachdaiche is nas dlùithe an sàs againn	NàdarAlba fhaicinn a' brosnachadh ginealach ùr gu ceangal a dhèanamh le nàdar is spèis a thoirt dha





# A' Tomhas Buaidh

Nì sinn tomhas air ar cuid soirbheachais a rèir mar a tha sinn ag obair airson muinntir is nàdar na h-Alba. Tha na ceuman anns an ath-roinn a' cur an cèill far am bi buaidh aig NàdarAlba is leigidh e leinn adhartas a chumail fo sgrùd is freagairt ris mar as iomchaidh. Tha staid nàdair cho math ri adhbharan eaconamach is sòisealta a' cur ris na prìomhachasan againn cuideachd. Thèid adhartas air pròiseactan sònraichte is raointean obrach a mheas is aithris tron phlana-ghnìomh bhliadhnail againn.

Tha e cudromach gu bheil frèam-tomhais làidir againn gus an dèanar adhartas math nar n-oidhirpean nàiseanta airson nàdar na h-Alba a ghleidheadh is a leigheas. Bu chòir gun tèid am frèam a dhealbhadh ann an dòigh a leigeas fhaicinn dhuinn gu bheil buile anns an obair againn. Mas urrainn dhuinn fhèin is ar com-pàirtichean feabhas a thoirt air an obair a rèir na fianaise, 's e sin a nì sinn.

'S ann air frèam-obrach le Riaghaltas na h-Alba a tha cuid de na ceuman sin stèidhichte agus cuid eile air aontachadh le Buill Bùird NàdarAlba. Thèid ar cuid adhartais mu choinneimh seo aithris tron Aithisg is na Cunntasan Bliadhnail againn.



- Tha an dleastanas is raon-ùghdarras againn gan cur an cèill anns an lagh agus ann am poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn air cheann libhrigeadh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba. Tha ar cuid obrach ga libhrigeadh tro laghan is ro-innleachdan Riaghaltas na h-Alba cuideachd mar eisimpleir
- Ro-innleachd Àrainneachd na h-Alba
  - Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba
  - Còd-obrach Ro-innleachdail Riaghlaidhean na h-Alba
  - Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde
  - Plana Mara Nàiseanta
  - Ro-innleachd Cleachdadh Fearainn
  - Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba
  - Frèam Dealbhadh Nàiseanta
  - Ro-innleachd Slàinte-intinn
  - Ro-innleachd Gnìomhachd Chorporra Nàiseanta



# Cò ris a tha soirbheachas coltach

Dìon	Buil	Slat-tomhais a' Phlana Chorporra
<b>Air cheann 30% de mhuir is talamh a dhìon ro 2030</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Daoine a' tuigsinn, a' brosnachadh, is a' dol an sàs ann an dleasan dion mara</li> <li>- Cor nàdair nas fheàrr air feadh na h-Alba</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Uiread de phròiseactan ath-stèidheachaidh dhan tug sinn comhairle</li> <li>- Cor de làraichean nàdair glèidhte</li> <li>- Meud (heactair) de choilltean</li> </ul>
<b>A' neartachadh com-pàirteachadh is a' lùghdachadh buaidh nam fiadh is ag ùrachadh dòighean riaghladh fhiadh is a' dearbhadh dòighean ceadachaidh a dh'adhbhraicheas saoghal anns a bheil cothromachadh carboin is a tha deimhinneach a thaobh nàdair</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Lùghdachadh àireamhan fhiadh</li> <li>- Ceadan gan làimhseachadh a rèir nan ìrean-ceadachaidh againn</li> <li>- Bìobhairean gan lorg ann an sgìrean ùra</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Fiosrachadh air an uiread de dh'fhèidh a chaidh a mharbhadh</li> <li>- Uiread de dh'iarrtasan cheadan a gheibh freagairt taobh a-staigh nan ìrean</li> <li>- Uiread de sgìrean aig a bheil sluagh de bhìobhairean stèidhichte</li> </ul>
<b>An sàs is a' toirt buaidh air dealbhadh is siostaman riaghlaidh eile gus an tig gnìomh gu buil do nàdar is a' ghnàth-shìde</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Luchd-leasachaidh, ceannardan agus am poball a' tuigsinn ar dàta/stiùireadh</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Uiread de Phlanaichean Libhrigidh Ionadail ùra aig a bheil rùn soilleir a thaobh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba 's leasachadh Bith-iomadachd (2024)</li> </ul>
<b>A' toirt buaidh air cruth-atharrachadh riaghladh mara tro fhrèaman dealbhaidh, dìon is riaghladh raointean iasgaich ùra agus tro chom-pàirteachadh le roinn cumhachd ath-nuadhachail na mara</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Cuiridh sinn ri coileanadh targaidean cothromachadh carboin is cumhachd ath-nuadhachail aig muir a' seachnadh droch bhuilean air nàdar</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Uiread de cho-chomhairlean cumhachd ath-nuadhachail aig muir dhan tug sinn comhairle air mar a ghabhas droch bhuilean air nàdar a sheachnadh</li> </ul>



# Cò ris a tha soirbheachas coltach

Leigheas	Buil	Slat-tomhais a' Phlana Chorporra
A' co-stiùireadh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba is a' leasachadh thargaidean airson Bile Àrainneachd Nàdarra ùr	- Bidh seo gu ìre mhòr stèidhte air fianais a thig bho ghnìomhan an cois amasan eile	- Fios càileachdail às ùr air dèanadas
A' toirt Leigheas Talamh-mòine am meud is a' liubhairt maoinachadh Peatland ACTION gu pròiseactan	- Tha sinn air call bith-iomadachd a lùghdachadh	- Meud (heactair) de thalamh-mòine a tha ga lèigheas
A' stiùireadh, a' ceadachadh is a' cruinneachadh chàich air leasachadh ghnìomhan dùbhlach is ciallach airson nàdar a leigheas. A' toirt Maoin Leigheas Nàdair gu buil a tha ag amas air pròiseactan leigheas nàdair le buile mhòr agus a' tarraing barrachd maoinachaidh on roinn phrìobhaidich	- Bidh sinn air in-ionmhas do leigheas nàdair a chur am meud	- Meud (heactair) a tha ga leasachadh do dh'àrainnean is ghnèithean tron mhaoin leigheas nàdair
A' taisbeanadh mar as urrainn àiteachas atharrachadh gu tur tro dhòighean-obrach ùra airson amasan do nàdar is a' ghnàth-shìde a thoirt gu buil	- Manaidsearan fearainn gam brosnachadh fhèin ceumannan a leasaicheas nàdair is a' ghnàth-shìde a ghabhail	- An àireamh de thuathanaich is chroitèaran a tha air cur a-steach gu soirbheachail gu sgeama ACES no aig a bheil aonta stiùiridh le NàdarAlba às dèidh sgrùdadh bith-iomadachd ùisneachadh.



# Cò ris a tha soirbheachas coltach

Spèis	Buil	Slat-tomhais a' Phlana Chorporra
A' brosnachadh dhaoine gu ceangal a dhèanamh le nàdar, a' neartachadh spèis air luach nàdair tro ghnìomh le buaidh is conaltradh mun obair againn	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Barrachd dhaoine air a' bhlàr a-muigh</li> <li>- Barrachd dhaoine a tha air a' bhlàr a-muigh a' tuigsinn an cuid dleastanasan</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Barrachd dhaoine ag aithris gu bheil iad air a' bhlàr a-muigh nas trice</li> <li>- Barrachd dhaoine mothachail air an cuid dleastanasan</li> </ul>
A' toirt buaidh air bun-structar riaghailteach, poileasaidh, margaidh is ionadan airson maoineachadh ann an nàdar bhon roinn phrìobhaidich	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Tha in-ionmhas prìobhaideach a' maoineachadh phròiseactan a choileanas prionnsabalan eadar-amail Riaghaltas na h-Alba</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- % de phròiseactan a choileanas prionnsabalan eadar-amail Riaghaltas na h-Alba</li> </ul>
Air cheann stèidheachadh Calpa Nàdarra mar phàirt riatanach de cho-dhùnaidhean dealbhadh is maoineachadh poblach is prìobhaideach aig ìrean nàiseanta, àrainneachd, seilbh fearainn is gnìomhachais	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Tha làn bhuannachdan nàdair am measg cho-dhùnaidhean a nì am poball aig a h-uile ìre</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- An àireamh de chom-pàirteachasan deilbhtalmhainn anns a bheil NàdarAlba an sàs is a chuireas dòigh-obrach calpa nàdarra gu feum</li> </ul>
A' brosnachadh eòlas is tuigse air na sgilean is comasan a tha a dhìth air an roinn nàdair	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Tha barrachd sgilean stèidhte air nàdar ann am feachd-obrach na h-Alba</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Dreuchdan is cothroman air sgilean ann an roinn an nàdair</li> </ul>



# Cò ris a tha soirbheachas coltach

Dòigh NàdarAlba	Buil	Slat-tomhais a' Phlana Chorporra
A' libhrigeadh dhòighean-obrach ùra airson na h-àrd-amasan againn a thoirt gu buil	- Tha dòighean-obrach ùra againn	- % de sgaoilidhean gan lùghdachadh
Ag atharrachadh gu tur nan comasan ceannardais fa leth is bhuidhneil againn	- Tha sinn air ar comas ceannardais a leasachadh	- Mothachadh air NàdarAlba is a Dreuchd
A' cumail oirnn a' leasachadh luchd-obrach sundach is daingeann	- Sgioba-obrach a tha ioma-dhòigheach is ion-ghabhailta	- Iomadachd luchd-obrach - Aois, Cinnidheachd agus Ciorramachd

Slatan-tomhais Dèanadais Nàiseanta	Slat-tomhais Soirbheis
Staid làraichean nàdair glèidhte	Ceudad de dh'fheartan nàdarra air làraichean nàdair glèidhte ann an staid mhath
Bith-iomadachd	<ul style="list-style-type: none"> <li>- Clàr de thricead sheòrsachan mara (stèidhichte air eòin-mhara)</li> <li>- Clàr de thricead sheòrsachan talmhaidh</li> <li>- Clàr de làthaireachd sheòrsachan talmhaidh</li> </ul>
Calpa Nàdarra	Clàr So-mhaoin Calpa Nàdarra (NCAI) a' sgrùdadh staid is tricead àrainnean talmhaidh ann an Alba
Tursan air a' Bhlàr A-muigh	Uiread a dh'inbhich a' dèanamh aon turas no barrachd air a' bhlàr a-muigh san t-seachdain
Cothrom air raointean uaine is gorma	Uiread a dh'inbhich a' fuireach nas lugha de 5 mionaidean bhon raon uaine no gorm as fhaisge orra
Làrach carboin	Làrach carboin na h-Alba ga cur an cèill mar mhilleanan de thunnaichean de charbon dà-ogsaid



# Dìon.Leigheas.Spèis



**NatureScot**  
**NàdarAlba**

Scotland's Nature Agency  
Buidheann Nàdair na h-Alba

A h-uile dealbh ©Lorne Gill/NàdarAlba ach t.d.2 ©Greg Macvean/NàdarAlba; t.d.4  
©George Stoye/NàdarAlba; t.d.6 ©Laurie Campbell/NàdarAlba; t.d.9 ©Monkey  
Business Images/Adobe Stock; t.d.12 ©Pauline Smith/NàdarAlba